

Campbell. 3. 4 (1)

(1)

DAIN AGUS ORAIN,

*Dain Agus Orain*

LE

IAIN MAC-LACHAIN,

LIGHICHE 'S A' MHORAIRNE.



GLASGOW:  
PRINTED BY ARCHIBALD SINCLAIR,  
62 ARGYLE STREET.

1869.

Price One Shilling.



J. R. Campbell

Wicklow Lodge  
Bensington W.

Sent by Sevelan  
March 16 - 69.



DAIN AGUS ORAIN,

LE

IAIN MAC-LACHAIN,

LIGHICHE 'S A' MHORAIRNE.



GLASCHO:  
CLO-BHUAILTE LE G. MAC-NA-CEARDADH,  
62 SRAID EARRA-GHAIDHEAL.

—  
1869.



# CLAR-INNSEADH.



	Taobh-duilleig
Duanag, ... ..	5
Oran, ... ..	7
Oran, ... ..	8
Cumha, ... ..	10
Do Leanamh, ... ..	11
Do'n Chuthaig. ... ..	12
Oran, ... ..	13
Oran, ... ..	15
Oran, ... ..	16
Oran, ... ..	18
Oran, ... ..	20
Di-Moladh an Uisge-bheatha, ... ..	21
Oran, ... ..	23
Duanag, ... ..	24
Oran, ... ..	25
Oran, ... ..	26
Oran, ... ..	28
Oran, ... ..	29
Tuireadh, ... ..	30
Oran, ... ..	32
Tuireadh, ... ..	33
Oran, ... ..	34





# DAIN AGUS ORAIN.



## D U A N A G.

AIR FÒNN:—“*An Gille dubh cha treig mi.*”

O! seinnidh mi mo dhuanaig;  
Seinneam, seinneam suas i:  
Seinnidh mi do'n ghruagaich  
'G am bheil an gluasad farasda.

'S moch a rinn mi éiridh  
'S a' mhaduinn chùbhraidh, chéitein;  
Gathan ciùin na gréine  
'Lasadh speur 's a' chamhanaich.

A' ghrian cho tlàth, 's cho òirdhearc,  
'Soillse àrd nam mòr-bheann;  
Smùid thar dhealt nan lòintean,  
'S an drùchd 'n a lòd air mheanganan.

Sud e air an stùchd ud  
An coileach dubh a' dùrdail;  
So i 'Chuthag shunndach,  
'Sùrd aic air a caismeachd.

Feuch an uiseag bhòidheach  
Ag éiridh as a' mhòintich,  
'S ag itealaich le sòlas  
Os ceann a còsaig fholaicht;

'Tha seillein beag na Bealtuinn  
 'Dol seachad oirnn 'us srann aig',  
 A thrusadh a mhil shamhraidh;  
 'S cha chuir an geamhradh ainnis air.

O'n thuit dhomh bhi 's a' chòisridh  
 Seinneam leis a' Chedlraidh—  
 Seinneam duan do'n òigh-ghil  
 Gu sunndach, deònach, caithreamach.

'S e smuainteachadh mu'n mhaighdinn  
 A's àbhaist dhomh gach oidhche—  
 A' cuimhneachadh do chaoimhneis  
 'S e chum an raoir 'am chaithris mi.

'Tha d'anail leam na's cùbhraidh,  
 'N uair labhras tu gu ciùin rium,  
 N'am barrach òg a' brùchdadh  
 'Mach, le tùis na meala dheth.

Ach cia mar ni mi luaidh  
 Air na h-uile dreach 'us buaidh ort,—  
 Do nàdur geanmuidh, stuama,  
 Gu soitheamh, suairce, ceanalta.

Cinnteach tha e 'n dàn domh  
 An gaol a thug mi mhàin dhuit,  
 Nach dealaich e gu bràth rium  
 'Gus am fàg an anail mi.

O! sonas agus àgh ort  
 Ri fad do ré, 's do làithean;  
 'S am freasdal, anns gach àite,  
 Le 'ghràsan, a bhi maille riut.

## O R A N.

AIR FÒNN:—“*Gu mo slan gu-n robh 'm fùran,  
'Chaidh a null uainn thar saile.*”

Ni mi òran le dùrachd,  
O hi na hi ù o,  
Do rìghinn a' chùil duibh,  
'S grinne sùgradh 'us mànràn.

Slàn iomradh gu d' ionnsuidh,  
'S tu 'chuireadh gu sunnd mi,  
'N uair a chithinn do shùil ghorm  
A' tionndadh gu blàth rium.

Sùil ghòrm a's tlàth sealladh,  
Lìonta, ciùin fo d' chaol mhalaidh;  
Gruaidh mar ròs dearg 'n a earradh,  
Beul tana, fiamh-ghàir air.

Beul tana, glan, mìnealt'—  
Deud shnaighte, ro dhionach,  
Bu cheanalta brìodal,  
'S o'n sìobhalta fàilte.

D' fhàilte 's d' fhuran a b' fhiù leam,  
'Tighinn o'n anail a's cùbhraidh  
Na barrach a' brùchdadh  
Air ùr dhos a' Mhàighe.

Gu bheil suairceas le ceanal  
Ann an gluasad na h-ainnir,  
'Tha o 'bonnaibh gu 'ceannaidh  
Gun ainneamh, gun fhàilinn.

Leam bu taitneach 'bhi 'sùgradh,  
'S 'g ad theannadh gu dlùth rium,  
'S mo làmh bhì gu cùirteil  
A nunn fo d' chùl fàineach.

Leat mo dhùrachd 's mo bheannachd,  
 Bi'dh mo rùn ort ri m' mhaireann,  
 Chaoidh cha tréig mi mo ghealladh  
 Gus an dealaich am bàs sinn.

---

O R A N.

AIR FÒRN:—“*O nighean donn nan gabhar.*”

Ged a tha mi 'n nochd 's a' chòisridh  
 Maille ri fleasgaichean bòsdail,  
 'S nìonagan cho riomhach, spòrsail,  
 Le sìoda 's le sròl a' danns'.

Nìonagan cho riomhach, stràiceil,  
 'S beag a chuir mi dh' ùigh 'n an àbhachd,  
 'S mòr gu-m b' annsa leam 'bhi 'mànran  
 Riut, a ghràidh, air sgàth an tùim.

'S mòr gu-m b' annsa leam 'bhi 'sùgradh  
 Leis an nìonaig chaoimh-gheil, chùil-duibh,  
 Anns an doire 'n goir an smùdan,—  
 Bun an stùic air ùrlar glinn.

Chi mi pailteas deoch 'ga taomadh,—  
 Fion, 'us branndaidh, 's brìgh a' chaochain  
 B' annsa leamsa uisg' an aonaich  
 O d' làimh chaoimh, aig taobh an uillt.

'S ann a bhòdhras iad le 'n ceòl mi,—  
 Pìob, 'us fì'dhleireachd, 'us bòilich;  
 'S mòr bu bhinne leam do chòmhradh,  
 'S d' òrana 'bu mhòdhar fuinn.

'S ann leam fhéin bu bhinne 'chòisridh  
 Anns a' mhaduinn Chéitin, cheòthar,—  
 Uiseagan os ceann nan lòintean,  
 Smeòraichean air mèir 's a' choill.

Crodh a' nuallanaich 's a' geumnaich,  
 Laoigh a' riodais, 'us a' leumnaich,—  
 Buachaillean a' ruaig a' chéile,  
 A' cumail an treud ud cruinn.

Sud e 'n ceòl a's binne 'chualas,  
 Luinneag fòil aig bannal ghruagach,  
 Aig iomain a' chruidh laoigh do 'n bhuaile,—  
 Cuach, 'us buarach air an druim.

Mo leannan fhéin 'n an teis-meadhoin,  
 'Seinn an òrain cheòl-mhoir, mhilis,—  
 Anail chùbhraidh, deud a's gile,  
 Anns a' bheul a's grinne ponc.

Lasadh mo chridhe le gràdh dhuit  
 'N uair a nochdadh tu air fàireadh;  
 'S tu cho geal ri cobhar sàile  
 Tighin gu tràigh air bhàrr na tuinn.

Ged a thug mi ré a' gheamhraidh  
 Air na sràidean anns a' Ghalltachd,  
 Bi'dh mi 'triall 'an tùs an t-shamhraidh  
 'Shealltuinn m' annsachd anns na glinn.

Théid mi 'shealltuinn air an ainnir  
 'N uair a thriallas uainn an t-earrach,  
 Leam bu taitneach suidhe mar riut,  
 Mo làmh tharad, 's mi ruit teann.

Leam bu taitneach suidhe làmh riut  
 Ann am bhreacan air an àiridh,  
 Ag éisdeachd ri d' chòmhradh màlda,  
 Bhiodh mo làmh fo 'd leadan donn.

## C U M H A.

AIR FÒNN:—“*O! 's toil leam mo nionag.*”

Thàinig sgeula mo chruadail  
 Gu-n do chuir iad 's an uaigh thu,  
 'S goirt mo chridhe bho 'n chuala,  
 Ged nach d' fhuasgail mo dhèid.

Tha do leaba lom, fuarraidh,  
 'S trom do chodal, 's ro bhuan e;  
 Chaoidh cha-n éisd thu ri m' luaidh-sa,  
 'S cha ghluais thu ri m' chedl.

Bha do ghluasad gun eucòir,  
 Gun uireasbhuidh céille,  
 Leam bu taitneach 'bhi 'g éisdeachd  
 Ri séisde do bhedil.

Tha do bheul a nis dùinte,  
 Cha-n 'eil léirsinn 'n ad shùilibh,—  
 'S fuar an cridhe 'bha mùirneach,  
 Anns an ùir, 's e gun ded.

Mar bhuannaich am bàs thu  
 Seach na gillsean 'tha làthair,  
 Cinnidh feanntag 's a' ghàradh,  
 'N uair thig fàilinn 's an ròs.

Sud an ròs a bha cùbhraidh  
 Air geug nan dos ùrail,  
 B' òg 's a' mhaduinn e 'brùchdadh:  
 Sheachd 'us shùigh e trà-nòin.

Chuir thu mise gu smaointinn,  
 Nach innis mi 'dhaoine;  
 'S maireg 'chuir ùigh anns an t-saoghal,—  
 'S iomadh caochladh 'teachd oirnn.

Ged tha càirdean gu deurach,  
 'S faoin an cumha leam féin e,  
 'Théid gu cuirm 'us cuirte éibhneis  
 'Giùlan éididh a' bhròin.

Ged tha m' éideadh gun mhùthadh,  
 'S mi gun deur air mo shùilibh,  
 Gus an cuir iad 's an ùir mi  
 Bi'dh mi 'd ionndrainn ri m' bheò.

Chionn bu toil leam an nìonag,—  
 Bu ro-thoil leam an nìonag:  
 Mo sgeul dubhach 'g a innseadh  
 'Thu bhi 'd shìneadh fo 'n fhòid.

---

### DO LEANAMH.

Dean cadalan sàmhach a chuilein mo rùin,  
 Dean cadalan sàmhach a ehagair 's a rùin,  
 Cò nach tugadh a ghràdh dhuit,  
 'S gur àillidh do ghnùis?  
 Dean cadal a phàisdein  
 Gu samhach, sèimh, ciùin,—  
 Gu-n robh sonas 'us àgh leat  
 Gu bràth anns gach cùis.

Do shùil lìonta ghorm, mheallach  
 'S tlàth 'sheallas gach uair,  
 Nis air dùnadh 'an cadal  
 Fo d' mhalaidh gun ghruaim;  
 D' aghaidh fhlaithneasach, shìobhalt'  
 A's mìnealta suadh,  
 Gun àrdan, gun mhìrun,  
 Air sìneadh 'an suain.

Ge be 'sheallas gu faoilidh  
 Air d'aogas gun smùr,

Cha-n fhaic e ach caomhachd  
 Gu naomhail 'ad ghnùis;  
 Gur a cùbhraidh' leam d'anail  
 N' am barrach 's a' bhrùchd:  
 'S e 'neòinein do shamhladh  
 Maduinn shamhraidh fo dhrùchd.

Chuir am freasdal gu bàigheil  
 Gach àgh air do shnuagh:  
 O! gu-n tugadh e 'd nàdur  
 Co-fhàs leis 'am buaidh:  
 Gu-m fàs thu gu banail  
 Ciùin, ceanalta, suairc',—  
 'Tabhairt aoibhneis do d' mhàthair  
 An déigh d'àrach a suas.

O! guidheam, a leinibh,  
 Dhuit 'an deireadh mo dhàin,  
 Am freasdal bhi 'd stiùradh  
 Le 'chùram gach là,  
 Gus an tàmh thu gu sàbhailt'  
 'An cala nan gràs,  
 'S do chàirdean 'g ad chòmhlach'  
 Le deòthas, 'us fàilt'.

---

### DO 'N CHUTHAIG.

Fàilt' ort féin, a Chuthag ghorm,  
 Le d' òran ceòlmhor, milis;  
 'S e seirm do bheòil 's a' chéitein òg  
 A thogadh bròn o m' chridhe.

'S ro bhinn leam d' fhuaim 's a' mhaduinn chéit',  
 'S tu air bàrr géig 's an innis,  
 No 'm feasgar ciùin aig bun nan stùchd  
 'N uair bhiodh an drùchd a' sìleadh.



O! innis c' àit' an robh do thriall  
 'N uair bha na siantan fionnuar;  
 N' an robh thu tosd gun chàil, gun toirt,  
 'An còs a' chnuic fo dhubhar?

'S mòr m' fharmaid riut, a Chuathag chaomh,  
 Cha dean thu bròn 'n ad shiubhal;  
 Chionn tha do dhoire daonnan gorm,  
 'S do chridhe daonuan subhach.

Ged theicheas tu roimh'n fhuachd air àm  
 Gu-m faic do ghleann thu rithis;  
 Ach 'n uair bheir mise ris mo chùl  
 Cha bhi mo dhùil ri tilleadh.

'S truagh nach b' urrainn domh leat triall  
 Air astar sgéith' 'n ar dithis,—  
 Le caismeachd bhinn 'toirt fios gach àm  
 'N uair bhiodh an Samhradh 'tighin.

---

### O R A N.

AIR FÒNN:—“*Fly, let us all to the bridal.*”

Direadh 's a tearnadh nam bealaichean,  
 Horo 's aigeannach mi,—  
 Ged rachadh an saoghal gu gearan  
 Cha leig mise smal air mo chrìdh'.

Aig imeachd gun solus, gun soillse,  
 Fo dhubhar nan coilltean leam féin,  
 Cha-n fhaic mi le doirche na h-oidhche  
 Ach dealan a' sitheadh troimh 'n speur.

Cluinnidh mi 'n fhairge ri borbhan,  
 'Co-fhreagairt ri torman nan dos,  
 Cluinnidh mi braoilich nan aimhnean,  
 Co-fhreagairt ri raoicich nan eas.

'N uair dh' fhosglas dorus nan speuran  
 'S a bhoillsgeas an dealan o 'n iar  
 Chi mi na neòil dhubha 'taomadh,  
 'Us saoghal fo thaosgadh nan sian

Feuch a nis beithir na beucaich  
 A' srachdadh nan speuran le fuaim,  
 'S ann shaoil leam 'n uair chuala mi 'n riasladh  
 Gu-n tuiteadh an iarmailt a nuas.

Ged is uamhasach dhomhsa 'bhi 'g imeachd,  
 'N am aonar gun ghealach, gun ghrian,  
 Tha m' aigne gun chùram, gun eagal,  
 'S mo chridhe gun teagamh, gun fhiamh.

D' é 'chuireadh fiamh orm 's a' chunnart—  
 Nach 'eil mi 'an cuideachd mo Dhé?  
 Le cridhe nach meataich fo àmhghar,  
 'S gun ghamhlas do neach 'tha fo 'n ghréin.

Ach chi mi solus gun luasgan  
 Aig ìochdar a' chruachain ud thall,  
 Dreòis na céir' ann an uinneig,  
 'S e 'dearsadh mar rionnaig a th' ann.

O'n fhuair mi reul-iùil air an rathad,  
 'S mi cinnteach gu-n d' amais mi gleann,  
 Théid mi le sunnd thar a' chaislein,  
 Ged tha mi car airsnealach, faun.

Ruigidh mi dorus mo charaid,  
 Gun chùram, gun fharral, gun sprochd;  
 Bi'dh esan le ìoghnadh a' farraid,  
 "D' é 'chuir an rathad thu 'n nochd?"

"Ciod é 'chuir thu nall thar a' chreachainn  
 Gun uiread 'us breacan g' ad dhìon?  
 Gach dùil anns na speuran 'an aimhreit,  
 'S mòr m' eagal gu-n d' chaill thu do chiall."

Freagraidh mise le spraichd e,  
 Ciod é sin an fharraid 'tha ort?  
 'Thoir a nall fear a leasachadh cléibhe,—  
 Cha-n fhaigh thu mo sgeul uam gun deoch.

'Sundach a théid mi do 'n leabaidh,  
 'S a gheibh mi mo chadal le suain;  
 Moch-thrà 'n àm éiridh 's a' mhaduinn  
 Cha-n fhaic iad mo mhala fo ghruaim.

---

O R A N.

AIR Fonn:—“*Coille Chragaidh.*”

'Nis o 'n chaidh an sgoth 'n a h-uidheam  
 Suidheam air a h-ùrlar;  
 Cuiribh òigfhear seòlta, sgairteil,  
 Do Chloinn-Airt g' a stiùradh;  
 Nall am botal, lìon an copan,  
 Olamaid le dùrachd,  
 Deoch-slàinte gach creutair bochd  
 'Tha 'n diugh fo sprochd 's an dùthaich.

Siùdaibh 'illean, càiribh rithe,  
 Bithibh cridheil, sunndach,  
 'Thugaibh làmh gu h-ealamh, dàn'  
 Air cur an àird' a siùil rithe:  
 Na biodh cùram oirbh, no eagal,  
 Seasamaid ar cùrsa;  
 Ruigidh sinn gu cala sàbhailt',  
 Ged is dàn' an ionnsuidh.

Chaidh sinn seachad air a “Ghràtair”  
 Ged a b' àrd a bhùirich—  
 Ged a bha “Bun-dubh” cho gàbhaidh  
 Ràinig sinn a nunn air;

'Dol seachad "Soi," 'Rìgh bu mhòr  
An crònan 'bh' aig na sùithein,  
'S e mo ghràdh an stiùradh grinn,  
Nach leigeadh mill g' ar n-ionnsuidh.

Nunn do Mhuile, nunn do Mhuile,  
Nunn do Mhuile théid i,—  
Nunn do Mhuile air bàrr tuinne  
Ged robh 'mhuir a' beucaich.  
'S mi 'tha sunndach air a h-ùrlar,  
Air bàrr sùigh ag éiridh,—  
Mo ghràdh an iùbhrach làidir, dhùbailt',  
'S na fir lùthmhor, ghleusda.

---

## O R A N .

AIR FONN:—" *My love is like a red, red Rose.*"

A ghlinn ud shìos, a ghlinn ud shìos,  
Gur trom an diugh mo shùil,  
'Dearcadh air do lagain àigh  
Mar b' àbhaist doibh 'o thùs.

Tha do choilltean fathasd dosrach, àrd,  
'S gach sìthein àillidh, uain';  
'Us fuaim an lùb-uillt nuas o d' fhrith'  
'N a shuain-cheòl sìth 'am chluais.

Tha 'n spréidh ag ionaltradh air do mhàgh,—  
Na caoraich air an raon;  
Tha 'churra 'g iasgach air do thràigh,  
'S an fhaoilean air a' chaol.

Tha guth na cuthaig air do stùchd,  
An smùdan air do ghéig,—  
Os ceann do lòn tha 'n uiseag ghrinn  
Ri ceileir binn 's an speur.

Tha suaimhneas anns gach luibh fo bhlàth,—  
 Bàigh air gach creig 'us cluain,  
 'Toirt 'am chuimhne mar a bha  
 Na làithean 'thàrladh uainn.

Fuaim do chaochain, fead na gaoith',  
 'Us luasgan àrd nan geug,  
 'G ath-nuadhachadh le còmhradh tlàth  
 Nan làithean àigh a thréig.

Ach chi mi d'fhàrdaich air dol sìos,  
 'N an làraich', fhalamh, fhuar;  
 Cha-n fhaic fear-siubhail far an stùichd  
 Na smùidean 'g éiridh suas.

Do ghàradh fiadhaich 'fàs gun dreach,  
 Gun neach g' a chur air seòl,  
 Le fliodh 'us foghnain ann a' fàs,  
 'S an fheanntag 'n àite 'n ròis.

O! c'ait' am bheil gach caraid gaoil  
 'Bu chaomh leam air do learg?  
 A chuireadh fàiltean orm a' teachd,  
 'Us beannachd leam a' falbh.

Tha 'chuid a's mò dhiubh anns an ùir,  
 'S an t-iarmad fada bh' uainn,  
 Dh' fhàg mis' am aonaran an so,  
 'N am choigreach nochdta, truagh.

'N am choigreach nochdta, truagh, gun taic',  
 'S an aiceid ann am chliabh,—  
 'N aiceid chlaoidh-teach sin nach caisg  
 'G am shlaid a chum mo chrìch'.

'G am shlaid a chum mo chrìch le bròn,  
 Ach thugam glòir do 'n Tì,  
 Cha tug e dhomhsa ach mo chòir—  
 Ri 'òrdugh bitheam strìochd'.

Tha lòchran dealrach, dait', nan speur  
 Air tearnadh sìos do 'n chuan,  
 'Us tonnan uain' na h-àirde 'n iar  
 Ag iadhadh air mu 'n cuairt.

Sgaoil a' h-oidhch' a cleòc' mu 'n cuairt,—  
 Cha chluinn mi fuaim 's a' ghleann;  
 Ach an céardabhan, le siubhal fiar,  
 Ri ceòl a's tiamhaidh srann.

A ghlinn ud shios, a ghlinn ud shios,—  
 A ghlinn a's ciataich' dreach,  
 A' tionndadh uait 'dhol thar do shliabh  
 Mo bheannachd sìorruidh leat!

---

O R A N.

AIR FONN:—“*Gur tu mo bhean chomuinn.*”

Gur moch rinn mi dùsgadh, 's an ùr mhaduinn chéit',  
 'S a dhìrich mi 'm bruthach gun duin' ach mi féin,—  
 Tha 'ghrian air a turas a' siubhal troimh 'n speur,  
 Dealt na h-oidhche a' tùirlinn thar ùr dhos nan geug.

'Dìreadh an aonaich ri aodan a' chùirn,  
 'S binn torman a' chaochain a's aoidheala bùrn,  
 Le 'ròis air gach taobh dheth ag aomadh fo 'n drùchd,  
 'S e ri déarrsadh na gréine aig éiridh 'n a smùid.

'S binn na h-eòin feadh nam preasan gu leadarra 'seinn;  
 Tha 'n uiseag làn sòlais ri ceòl os mo chionn;  
 Na ba laogha anns a' gheumnaich air an réithleis ud thall,  
 S mac-talla nan creagan 'g am freagairt air ball.

S àluinn trusgan a' ghlinne suas gu binnein nan stùchd;  
 'S cùbhraidh bòltrach nan luibhean 'n am chuinnein mar  
 thùis;

'Ged 's bòidheach gach doire annsa' choillidh 's a' bhrùchd,  
 'Ged tha 'm barrach cho ùrail cha dùisg e mo shuand.

'An so air faobhar a' mhullaich gur muladach mi,—  
 Ceann-aobhair mo thuiridh leam gur duilich r' a inns';  
 Nach dirich mi tuilleadh ri munadh 's an tìr—  
 Nach dean mi cùis-ghàire 'n gleann àillidh mo chrìdh'.

Cha-n 'eil gleannan cho aoigheil ri 'fhaotainn mu-n cuairt,  
 Le d' bheanntainean àrda 'cuir sgàth ort o'n Tuath;  
 Ann an dùdlachd a' gheamhraidh gun ghreann ort, gun  
 fhuachd;  
 Mo sgaradh 's mo chràdh-lot a bhi d'fhàgail cho luath.

Ged is iomadh fear fìnealt' anns na h-Innsean ud thall,  
 'Chaidh a dh' iarraidh an stòrais, o'n tha 'n t-òr oirnn cho  
 gann:

Am fear ainneamh de 'n àireamh a thig sàbhailt' a nall  
 'N a bhodach gun spéirid, odhar, éisleineach, fann.

Air tilleadh do 'n dùthaich 's e 'dhùisgeas am bròn  
 'Bhi 'faicinn m'a choinneamh luchd-comuinn na h-òig'  
 Cho sunndach, geal, loinneil, ged tha 'ghoinne' nam pòc,—  
 Gun uireasbheadh slàinte, ged tha iad gun stòr.

'S mairg a mholadh na h-Innsean 's gach rioghachd o  
 dheas,

'S am bi 'cholann 's an inntinn 'g an strìochdadh le teas:  
 Far nach urrainn dhuit gluasad gun fhuathas 'us geilt,'  
 Agus uamh-bheist 'g a chùbadh fo dhùiseal gach preas.

'S mi 'ghluaiseadh gun smalan ann an gleanan an àigh,—  
 'S moch a shiùbhlainn do phreasan gun teagamh, gun sgàth;  
 Anns an òg mhaduinn chùbhraidh, 'n uair bhiodh drùchd  
 air gach bàrr,

'N àile dhìrinn rid' stùchd bheinn gun chùram roimh nàmh,

Ach 's tiom dhomh bhi 'g éiridh, 's bhi téurnadh o'n àird;  
 Cha dean luinneagan feum dhomh, cha dean éigheach  
 dhomh stàth,

Feuch am bàta fo 'còmhdach aig còmhnard na tràigh,  
 Tha gu m' ghiùlan null thairis á gleannan an àigh.

Bheir mi sùil thar a' bhealaich air na beanntan mu-n  
cuairt;

So an sealladh mu dheireadh air gach gleannan 'us bruach,  
'Fagail leibh beannachd, 'n àm dealachadh uaibh,  
A' téurnadh an aonaich 's iad mo smaointean tha truagh.

Ach 's diomhain mo smuaintean, nach faoin dhomh bhi  
'caoidh,

Cha-n'eil neach anns an t-saoghal 'g a fhaotainn le dhiù;  
Ge blàth an fhuil chraobhach 'tha 'taosgadh o m' chridh'  
'S ro ghearr gus nach plog i fo phlocan 's a' chill.

'Thi chruthaich an saoghal 's a chuir na daoine so ann,  
'S a thug dhuinne Fear-saoraidh a dh' aontachadh leinn—  
Tha thu 'g éisdeachd ri m' òran, cho brònach 'g a sheinn,  
B'ìdh mi 'striochedadh do d' òrdugh, bheir thu dhomhsa  
mo roinn.

---

## O R A N.

AIR FÒNN:—“*Hail to the Chief.*”

S neo-shunndach leam m' aigne o'n dhùisg mi 's a' mhad-  
uinn,

'S mo shùil thar an aisig gu glas-bheinn a' cheò;  
Mo dhùrachd 'bhi thall ud, 'bhi dlùth ris an ainnir,  
Le sùgradh tairis 'g a tarring a'm chòir;  
Gur muladach m' inntinn, fo airsneal 's fo mhìghean,  
Ag ionndraim na h-ìoghnaig, 'us briodal a beòil;  
Bho na chaidh mo ghaol lurach null thairis do Mhuile  
Cha dean mi car tuilleadh ach tuireadh 'us bròn.

Ge sunndach, 's ge h-éibhinn, 's an ùr mhaduinn chéitein,  
Bhi 'dìreadh nan sléibhteann 's a g' éisdeachd nan eòin,—  
Ge h-ùrail an sealladh dealt dlùth 'us drùchd meala  
'Bhi 'lùbadh gach meangain, 's a sreamadh gach feòirn,  
'Sann tha aobhar mo chùrainn thar caol nan tonndù-ghorm,  
'M bi luingeas a' brùchdadh fo thùchadh nan seòl;



Mo dhùil ri dol thairis a null thar an aisig,  
'S gu-n dùisginn an ainnir le aithris mo bhedil

Mo dhùil ri dol thairis, 's mo shùil air a' chala,  
Tha smùid thar a' bhaile mar bhadan de'n cheò;  
Bu luaineach mo chadal le bruadair mu 'n ainnir,  
A's suairce 's a's ceanalt' 's a's banaile nòs;  
Gach dreach 'th' air an nionaig O! 's deacair dhombh  
'n iunseadh,

'Tha farasda, fincalta, inntinneach, òg;  
Mo rùn do chaol mhala, do mhìog-shuilean meallach—  
Deud gheal 'n ad bheul tairis, gruaidh thana mar ròs.

Tha soirbheas air éirigh o bhruaillein nan speuran,  
'Cur luingeas 'n an éiginn, 's a' reubadh nan seòl;  
Cha-n fhaodar leam aiseag, o 'n chaochail an latha—  
Tha 'n caol 'n a chaoir gheala, 's muir ghreannach fo chròic;  
Na-m biodh agamsa sgiathan, 's mi 'shracadh an iarmailt,  
Ged a bhacadh gaoth 'n iar mi, agus iarguil nan neòil,  
Gu-m bithiun 'cheart ain-deoin', ri gualainn mo leannain,  
B' e m' ulaidh, 'us m' aighear, 'bhi 'teannadh 'g a còir.

---

## DI-MOLADH AN UISGE-BHEATHA.

AIR FÒNN:—“*Crodh laoigh nam Bodach.*”

Cha-n òl mi deur tuille, deur tuille, deur tuille,—  
Cha-n òl mi deur tuille, deur tuille de'n dràm;  
Cha-n òl mi deur tuille, cha dean mi ris fuireach,  
'S mi cinnteach gu-n cuireadh e 'n tubaisd 'am cheann.

Gur mis 'tha gu brònach, 'am luidhe 's tigh-òsda,  
Mi 'teannadh ri òran le bòidean gu teann;  
Ag éirigh air m'uilinn, 's ag éigheach gu duineil,  
Cha-n òl mi deur tuille, deur tuille de 'n dram.

'S tròm éisleineach m'aigne 'n àm éirigh 's a' mhaduinn,  
Mo bhriogais mu 'm chasan 'g a tarruing a nall,

Mo bhriogais 'n a stròicean, cha dean i mo chòmhdach—  
'S e éigheach nan stòp 'chuir am pòca cho gann.

Le m' chois air an ùrlar, 's gann tha mi air dùsgadh,  
'S gur measa na brùid mi le stùrdan 's a' cheann,  
Le smal air mo léirsinn, 's an t-snigh' air mo léine,  
Mo chridhe làn éislein le speuradh do 'n dram.

Mo léirsinn air tuiteam, cha léir dhomh mo thrusgan,  
Cha-n 'eil mi ach tuisleach, a' trusadh gach ball,  
Ann an seòmar na bochdainn, ag iarraidh gach oisinn—  
Ciamar théid mi air chois eachd 's na h-osain air chall ?

Tha muinntir an tighe ri bùird, agus fanoid,  
O 'n dh' éirich mi falamh, cha-n fhaigh mi an taing;  
Bu bhriathrach an raoir iad, 'n àm lasadh nan coinnean,  
'An toiseach na h-oidheche bu chaoimhneil an cainnt.

Bi 'dh iadsan cho fiadhaich mur pàigh thu na fiachan,  
Gach latha 's a' bhliadhna 'g an iarraidh gu teann,  
'Cur cagar 'ad achlais, le briathran a' mhaslaidh,  
Tha agam ort tasdan, 'us aisig i nall.

Bi 'dh esan cho spòrsail 's a' chlachan Di-dòmhnach,  
O'n cheannaich e còta le pòiteir an dram;  
Clann ceathairne còir' ann, gun bhòineid, gun bhrògan,  
'S nighean dubh an tigh-òsda le sròl air a ceann.

Sgairidh mi 'n bhéisd ud, cha bhi mi 'g a éigheach  
Gun fhios a'm fo 'n ghréin, gu de feum a tha ann,  
Their na fir làidir, 'n uair chi iad air sràid mi,  
“Tha pòit' an tigh-thàirne 'g a fhàgail-san fann.”

Cha-n òl mi deur tuille, cha dean mi ris fuireach,  
Cha téid mi le furan 'an cuideachd mo chall;  
'N uair chluinneas mi 'n deoch ud 'g a h-éigheach le frogan,  
Bi 'dh iallan mo sporain g' an roladh gu teann.

## O R A N.

AIR FÒNN:—“*Bheir mi ho air m' urra ho.*”

'So 'n am shìneadh air an t-sliabh,  
'S mi ri iarguin na bheil bh'uam,  
'S tric mo shùil a' sealltuinn siar,  
Far an luidh a' ghrian 's a' chuan.

Chi mi thall a h-aiteal caomh,  
'Dearrsadh caoin ri taobh na tràigh,  
'S truagh nach robh mi air an raon  
Far an deach' i claon 's an àillt.

'S truagh nach robh mi an tràs'  
Air an tràigh a's àirde stuadh,  
Ag éisdeachd ri còmhradh tlàth  
Aig an òigh a's àillidh snuagh.

Aig an òigh a's àillidh dreach,  
'S gile cneas, 's is caoine gruaidh;  
Mala shìobhalt', mìn-rosg réidh  
Air nach éireadh bréin', no gruaim.

O! nach innseadh dhomh 'ghaoth 'n iar  
'N uair a thriallas tu thar sàil',  
Gu de 'n dòigh a th' air mo ghaol,—  
'Bheil i 'smaointinn orms' an tràs'?

'N uair a shìn mi dhuit mo làmh  
Air an tràigh a' fàgail tìr,  
'S ann air éigin rinn mi 'ràdh,  
“Soraidh leat, a ghràidh mo chrìdh’.”

'N uair a thug mi riut mo chùl  
Chunnaic mi thu 'brùchdadh dheur,  
Ged a shuidh mi aig an stiùir  
'S ann a bha mo shùil 'am dhéigh.

Chaidh a' ghrian fo stuaidh 's an iar,  
Dh' fhàg i fiamh air nial a' chuain;

'S éigin dhomh o'n àird 'bhi 'triall—  
Sguir an eunlaith féin d' an duan.

Mìle beannachd leat an nochd—  
Cadail dhuit gun sprochd, gun ghruaim;  
Slàn, gun acaid feadh do chléibh,  
Anns a' mhaduinn 'g éirigh suas.

---

### D U A N A G.

AIR Fonn:—Ni mi duan do 'n ghruagaich bhanaid  
Rìbhinn chaoin an aogais fhathail,  
Seinnidh mi mo dhuan do 'n ainnir  
'Dh' fhàs gu banaid, banndaidh.

Seinnidh mi mo dhuan do 'n òigh'  
A chum a chòmhaile 's an tigh-òsd',  
Ged a tha i an tràsa pòsd,  
Gu 'n cuir mi 'n òrdugh rann di.

Phòs thu 'n diugh ri fear do roinn,  
'Leanas riut a là 's a dh' oidhch';  
Ach chum thu 'chòmhdhail ud an raoir,—  
Bu chiùin a rinn thu cainnt rium.

Bu chiùin a chuir thu sud 'am chluais,  
'S a h-uile h-aon 's an àird 'n an suain,—  
"Feuch, a ghràidh, nach gabh thu gruaim  
Ged chaidh mi uait gun taing dhomh."

Anns a' mhaduinn chunnaic mi  
'Thu ann ad sheasamh air leth sgìos,  
'S fear an teagaisg a' cuir sìos duit,—  
Cha bu bhinn a chainnt leam.

Ged a bhiodh tu 'dol fo 'n fhòid,  
'An ciste chumhain, chaoil nam bòrd,

Cha bhiodh do ghnùis gun tuar na 's mò  
'N uair chaidh na bòidean teann ort.

'S e sud a chum mi féin fo phràmh  
'N am shuidhe diùidi am measg chàich,  
Do thug thu 'n t-sùil ud orm cho blàth,  
Ged bha thu 'ad bhean-bainnse.

'S tric a bhòidich thu ri m' thaobh  
Nach tigeadh mùthadh air do ghaol;  
Ach b' éiginn sud a chur fa sgaoil  
Bho 'n chinn an saoghal gann dhuinn.

Mur biodh na h-uile cùis mar tha,  
'S mi anns an àm so gann 'am làimh,  
Cha leiginn thu le fear gu bràth,  
Ged dheanadh càirdean aimhreit.

Gur soitheamh, sìobhalta do ghnùis  
Fo d' mhala chaol nach claon le mùig;  
Bu chiùin, ro-aoigheil leam do shùil,  
Cho caoin ri drùchd an t-samhraidh.

Eisdeachd fòill ri d' òrain loinneil  
'S binne còir no ceòl a' choilich,  
Moch air maduinn cheò a ghoireas,  
Anns an doire chann-dail.

---

## O R A N.

AIR Fonn:—"The Rock and the wee puckle tow."

Tha triallairean Albainn ri aimhreit an tràs',  
Ach 's beag is mò leamsa ciod a their iad;  
A' siùbhal gach dùthcha, 'g an dùsgadh gu fearg,—  
Ach 's beag is mò leamsa ciod a their iad:

Fadadh-cruaidh air an gruaidh suas anns na crannagan,  
 Sùil chlaon air gach taobh 'glaodhaich gu faramach,  
 Mur aontaich sibh leinne bi'dh sibh sgriosta gun dàil;  
 Ach 's beag is mò leamsa ciod a their iad.

Aig an Athair tha brath air an aidmheil a's fearr,  
 Ged is beag is mò leamsa ciod a their iad;  
 Cò 'n t-aon a tha ceart, no cò e 'tha cearr,—

Ged 's beag is mò leamsa, ciod a their iad:

'S ann their luchd aidmheil ri 'chéile,

“Cha-n 'eil stéidh ann ad theagasg,—

'Tha sgriobtur 's a' Bhìobull, ag innseadh gun teagamh,

Gur mise 'tha ceart, agus thusa 'tha cearr;”

Ach 's beag is mò leamsa ciod a their iad.

'S e m' athchuing 's a' mhaduinn air Athair nan gràs,—

Ged 's beag is mò leamsa ciod a their iad,

E chumail mo chridhe gun smal air gu bràth,

Ged 's beag is mò leamsa ciod a their iad,—

Le seirc 'us truas, iochd do 'n t-sluagh, 's a bhi gun uail  
 spioradail,

Dùilean breòit' a tha fo leòn fheòraich 'n an trioblaid;

Ged theireadh gach fear dhiubh gu-n robh mi gun ghràs,

Gur beag is mò leamsa ciod a their iad.

---

## ORAN.

### AIR FÒNN:—

“Och! òch! mar tha mi 's mi so 'n am aonar,  
 A dol troimh 'n choill far an robh mi eòlach,  
 Nach fhaigh mi àit' ann am fhearann dùchais,  
 Ged phàighinn crùn air son leud na bròige.”

Neo-bhinn an fhuaim leam a dhùisg á m' shuain mi,

'S e 'tighin a nuas orm o chruaich na mòr-bheinn,—

An ciobair gallda, 's cha chòrd a chainnt rium,

E 'glaodhaich thall ri cù mall an dòlais.

Moch maduinn chéitein 'an àm dhomh éirigh,  
 Cha cheòl air gheugan, no geum air mòintich,  
 Ach sgreadail bhéisdean 's a' chànain bheurla,  
 Le coin 'g an éigheach 'cur féidh air fògar.

'N uair a chi mi na beanntan àrda,  
 'S an fhearann àigh 's an robh Fionn a chòmhnuidh,  
 Cha-n fhaic mi aun ach na caoraich bhàna,  
 'S Goill gun àireamh 's a' h-uile còmhail.

Na glinn chiatach 's am faighteach fiadhach,—  
 'M biodh coin air iallan aig gillean òga,  
 Cha-n fhaic thu 'n diugh ann ach cìobair stiallach,  
 'S gur duibhe 'mheuran na sgiath na ròcais.

Chaidh gach àbhaist a chur air fuadach,  
 Cha chluinn thu gruagach ri duan no òran;  
 Nach bochd an sgeul e gu 'n d' shearg ar n-uaislean,  
 'S na balaich shuarach n' an àitean-còmhnuidh?

'N uair a chi mi na lagain àluinn,—  
 'A h-uile h-àiridh 'dol fàs le còinnich,  
 Fo bhadain chaorach le 'n uain 'g an àrach,  
 Cha-n fhaod mi ràdhtainn nach b' fhàidhe Tòmas.\*

\* Fàisneachd Thòmais:—

“Cuiridh a' chaora an soc as an talamh,  
 Bi'dh meall òir 'am bun gach glinne,—  
 'S Albainn 'n a criosan geala.”

## O R A N.

AIR Fonn:—“*O! ho na daoine truagha.*”

'Dìreadh a mach ri Beinnshianta,  
Gur cianail tha mo smuaintean.

A' faicinn na beinne 'n a fàsaich,  
'S i gun àiteach air a h-uachdar.

'Sealltuinn a sios thar a' bhealaich  
'S ann agamsa tha 'n sealladh fuarraidb.

'S lionmhor bothan bochd gun àird air,  
Air gach taobh 'n an làraich uaine.

Agus fàrdach 'tha gun mhullach,  
'Ùs na thulaich aig an fhuaran.

Far an robh 'n teine 's na pàisdean  
'S ann is àirde dh' fhàs an luachair.

Far an cruinnicheadh na h-àrmuinn  
Feuch a' chaora bhàn le 'h-uann ann.

Ach, 'fhir shanntaich 'rinn an droch-bheairt,  
Liuthadh teaghlach bochd a ghluais thu!

'S iomadh dilleachdan 'tha 'n ganntar,  
Agus banntrach a tha truagh leat.

An dall, an seann duine, 's an òinid,  
'Toirt am mallachd air do bhuaireas.

Smuaintich féin 'n uair théid thu null bh' uainn  
Mar bheir Rìgh-nan-dùil do dhuais duit.

B' fhearr gu-n cuimhnicheadh tu tràth air  
Mu-n tugadh am bàs do 'n uaigh thu.

An ceannaich thu le beairteas tròcair?  
Cha dean òr gu bràth a bhuanachd.

'Bheil thu 'n dùil gu-m faigh thu saorsainn  
Leis na caoirich 's do chuid bhuailtean.



B' fhearr dhuit beannachdan an fheumnaich  
D' an tugadh tu 'n déirc' 'an uaigneas.

B' fhearr a bheannachdan le dùrachd,  
Cridhe brùite 'g an cuir suas dhuit.

Ge b'e àit' am faigh iad fearann  
Mìle beannachd leis na ghluais thu.

Dhùmhlaidh an cèd air Beinnshianta,  
Thug a' ghrian a sìos an cuan oirr'.

Thàinig duibhre air an iarmailt,  
'S cuiridh mise crìoch ri m' dhuanaig.

---

## O R A N.

AIB FONN:—“*Thoir a nall dhuinn am Botal.*”

Trom tiamhaidh mo chridhe aig imeachd troimh 'n ghleann  
Gun chòmhail, gun choinncamh, ged 'si 'n Nollaig a th'ann.  
Le m' shùil air an fhàsach, 's na làraichean lom,  
Far am faca mi 'n Gàidheal ri àbhachd le sunnd.

Cha-n fhaic mi ann duine, ach cluinnidh mi 'n Gall  
A' sgrìachail r'a chuilein air a' mhullach ud thall;  
'S chi mi na caoirich, 's muilt mhaola nach gann,  
'An àite nan curaidh 's nan cruinneagan donn.

Cha chluinn mi 's cha-n fhaic mi na b' aithne dhomh uair,  
Ach na cnocan 's na h-easan, 's na creagan ud shuas;  
Bu chaomh leam an sealladh aon choileach air dùn,—  
Ged a b' éigin domh bhreabadh, cha bu bheag orm an cù.

Ag ionndrainn nam feara, a' cheathairne chòir,  
A bheireadh dhomh cuireadh le furan gun ghò;  
Cha chluinn mi 's cha-n fhaic mi na fleasgaichean òg,  
'Dol cruinn air an achadh le 'n camain 'n an dòrn.

'S iad a chuireadh an iomain 's a leanadh i teann;  
 Cho luath ri buic earba feadh garbhlach nam beann,—  
 A bhuaileadh na buillean gu curanta, cruaidh,  
 A' comh-strì ri 'chéile gun bhréine, gun ghruaim.

'N uair a sgaoileadh an comunn an deighinn trà-nòin,  
 'S a shuidheadh gach buidheann gu subhach mu 'n bhòrd,  
 Bhiodh seanfhear an tighe, na mnathan, 's a' chlann,  
 Ag òl air a chéile gun éislean, gun ghreann.

Am sònruicht' de 'n oidhche 'n uair rachadh iad cruinn,  
 Bu shuundach 's bu chridheil an fhidheal a' seinn;  
 Na gruagaichean teistheil, 's na fleasgaichean treun,  
 A' dannsadh gu h-innealt, 's ri mireag gun bheud.

Greis roimh dheireadh na h-oidhche 'n uair a sguireadh  
 a' chuirn,  
 'S a shuidheadh an còmhlan gu stòlda air na fuirm,  
 Gu-m b' éibhinn 'bhi 'g éisdeachd nan éideagan grinn,  
 'Togail nan luinneag cho milis 's cho binn.

Tha mise 'n so 'm ònrachd ag imeachd troimh 'n ghleann,  
 Mo shùil air an fhàsach le làraichean lom,  
 B'e 'n t-ioghnadh na-n cinneadh mo chridhe cho fuar,  
 'S nach tigeadh a' mhuinntir 'am chuimhne 's an uair.

---

## TUIREADH.

'S trom mo ghleus air an stùchd  
 Anns an fheasgar chùbhraidh, chéit',  
 Dealt nan speur a' teannadh dlùth,  
 Inneil chiùil 'am bàrr gach géig'.

Chrom a' ghrian, tha 'n iarmailt ruadh,  
 Air cuan mòr nan stuadhan àrd;  
 Feuch an long ag éiridh suas,—  
 Mar thannasg fuar i seach a' snàg.

Tha 'n oidhche 'teachd le trusgan ciar,—  
 Tha 'n àirde 'n iar air dol 'n a smàl;  
 Thréig an téis bha 'm beul gach ian,  
 Gidheadh cha-n 'eil mi 'triall o 'n àird.

Tha gach dùil 's gach cuileag fhaoin  
 Air gach taobh a' gabhail tàimh;  
 Ach mise 'am shìneadh anns an fhraoch,  
 Fo iomairt smaointean baoth gun stà.

O'n a thàinig mi do 'n t-saoghal  
 'S beag a rinn mi 'smaointean glic;  
 Mar bhlàth cluarain air an raon,  
 'Ghluaiseas leis gach gaoith a thig.

Gidheadh tha smaointean tiamhaidh, bochd  
 'Nochd a' mosgladh ann am chrìdh',  
 Tha mar fhàsach falamh, fuar,  
 'S e gun luaidh air neach no ni.

Cha-n 'eil agam leannan gaoil,  
 No caraid caomh agam fo 'n ghréin,—  
 Cha-n 'eil agam bean no clann,  
 No neach a b' annsa leam na 'chéil'.

Amhuil mar bhrùid air a mhadh,  
 Gun eagal Dhé, gun ghràdh, gun dùil;  
 Cha-n 'eil cùram air mo chrìdh',  
 'S mi gun ni 's an cuir mi ùigh.

Ard-Rìgh nam feart tionnda'm riut,  
 'S air mo ghlùinean guidheam ort,—  
 Deònaich dhomhsa cridhe nuadh,—  
 Eisd ri m' ùrnuigh thruaigh an nochd.

Doirt a nuas do Spiorad caomh,—  
 Ris an t-saoghal bheiream cùl;  
 Dhuit a mhàin, O! thugam gaol,  
 'N ad Aon Mhac féin, O! cuiream dùil.

Eisd, a Shlànuighir nam buadh,  
 Ri ùrnuigh thruaigh 'teachd o m' chridh',  
 Tha mo cheum air slighe 'bhàis,  
 'Thriath nan gràsan sàbhail mi.

---

O R A N.

AIR FÒNN:—“*The Days of Langsyne.*”

Tha na siantan air caochladh, tha 'n saoghal fo sprochd,  
 Chuir an doineann fhuar, fhiadhaich an ianlaidh 'n an tosd;  
 Tha sneachda trom, dòmhail a' còmhdach nam beann,—  
 A' lionadh nan glacan, 's a' tacadh nan allt,  
 'S mise 'feitheamh an aisig aig carraig a' chaoil,  
 Ri smaointean air àbhachd nan làithean a dh' aom.

Ann an làithean ar n-òige dol an còmhdhail an t-sluaigh,  
 Cha sheall sinn ach faoin air mar dh' aomas iad 'uainn;  
 Cha tig e 'n ar smaointinn cho goirid 's tha 'n dàil,  
 Gus am brùchd gach leòn oirnn g' ar lùbadh gu làr,  
 Gun chùram, gun éislein aig teumadh air taobh  
 Air làithean a' snàg uainn gun àireamh air aon.

'N nair a luidheas an aois oirnn 's a dh' aognas ar snnagh,  
 Ar ciabh 'dol an tainead, agus smal air ar gruaidh,  
 Bidh teugmhail nan còmhlain a' còmhradh gu truagh,  
 Agus càirdean ar n-òige air sòmhladh 's an uaigh,  
 'S ann an sin bhios ar cridhe làn m'laid 'us gaoid,  
 Ri smaointean air àbhachd nan làithean a dh' aom.

O! Ard-Rìgh na cruinne, ceann-uisge ar dùil,  
 Air an t-sneachda fhliuch, fhionnar dhuit a lùbas mi glùn;  
 'S guidheam gu-n òrduich thu dhòmhsa gu glic,  
 'Bhi 'cuimhneachadh d'òrduighean gu h-umhal 's gu tric.  
 Chum 'n nair chrìochnaicheas m' astar ann an glacaibh an  
 aoig,  
 Nach cuimhnich thu m' fhàilinn anns na làithean a dh' aom.

## TUIREADH.

Tha mulad orm, tha mulad orm,  
 Tha cudthrom air mo chliabh  
 'Am shìneadh air an tulaich ghuirm,  
 Air m' uilinn anns an t-sliabh,  
 A' dearcadh far a' mhullaich so  
 Air a' ghleann 's an d' rìngadh mi,  
 'Cuimhneachadh na bhuineadh dhomh,  
 'S gach duine dhiubh air triall.

'S iomadh òigfhear curanta  
 A chunnaic mi 's a' ghleann,  
 Gu lùthar, làidir, fulangach,  
 Gun uireasbhuidh, gun mheang;  
 Bu chaoimhneil, càirdeil, duineil iad,  
 Gu bàigheil, pàirteach, furanach,  
 An sàr dhuin' uasal urramach  
 'N a churaidh air an ceann.

'N uair chruinnicheadh an còmhlan ud  
 An déigh trà-noin fo bheus,  
 Gu-m b' fhonnar, binn na h-òigheanan  
 A' téiseadh ceòl nan teud;  
 Cha-n òighnadh mi 'bhi 'g osnaich,  
 'S mo chridhe 'bhi 's a' phlogsgartaich,  
 Air n-àile gur a coltach mi,  
 Ri Oisein 'n dèigh na Féinn'.

Tha mulad orm, tha mulad orm,  
 Gur duine mi gun toirt,  
 A' cuimhneachadh air m' uireas'aibh  
 Cha-n urra dhomh 'bhi 'tosd,  
 'Am aonaran 's an t-saoghal so,  
 Gun phruip, gun taic', gun daoine agam,  
 'S mi air an udail fhaontraighe,  
 Mar fhaoilein feadh nam port.

Tha dealt na h-oidhche 'drùghadh  
 Air na dh' fhuirich orm de m' chiabh;  
 Tha 'n speur a' nochdadh rionnagan  
 Gu tiugh an ear 's an iar;  
 Ag éiridh far na tulaich ghuirm,  
 A théarnadh leis na mullaichean!  
 Tha mulad orm, tha mulad orm,—  
 Cha-n urra mi 'chur dhiom.

---

O R A N .

AIR FÒNN:—“*A nochd gur faoin mo chadal domh.*”

'S uain' an fhòid fo'n d' adhlaic iad  
 An ainnir chaomh 's an ùir,  
 Le sòbhraichean, 's le nedìneinean,  
 Am measg nam fèdirnein dlùth;  
 Ach spiolam nuas au fheanntag so,  
 Cho coimheach, feanntaidh, gnù,—  
 Cha shamhladh air an ainnir thu,  
 'G an robh an aigne chiùin.

Cha shamhladh air an ainnir thu  
 'G an robh an aigne chiùin,—  
 Nach deanadh lochd, 's nach tugadh beum,—  
 Nach nochdadh eud no tnù;  
 Bha seirc, 'us gràdh, 'us bàighealachd  
 Gu h-àilidh ann ad ghnùis.  
 Cò 'chunnaic thu gun ghaol thoirt dnit?  
 Cò 'bhuidhneadh ort gun chliù?

'S trom an diugh mo smaointinean,  
 A' cuimhneachadh aig d' uaigh,  
 Am feasgar ciùin a dhealaich sinn  
 Le beannachdan 'g an luaidh;

Cha robh lochd 'n ar conaltradh,  
 No brosgal, cleith, no cluain;  
 Ach seirc, 'us gràdh, le ceanalas,  
 'Us carantachd le stuaim.

Bu ghearr an ùin' 'n a dhéigh sin  
 'N uair thàinig sgeul a' bhròin,  
 Nach fhaiceamaid ri'r maireann thu  
 Air thalamh anns an fhèil;  
 Tha do chré 's an duslach,—  
 Tha mis' an so gun treòir,  
 'Am dhuine tuisleach, euslainteach,  
 Am sheasamh crom aig d' fhòid.

'Am sheasamh crom a' dearcadh  
 Air na leachdan 'tha mu-n cuairt,  
 Le m' chiabhan<sup>3</sup>liath air tanachadh,  
 'S a' ghailionn air mo shnuadh;  
 Tha 'n Aois a' teachd am fagus dhomh,  
 A' bagradh orm gu truagh,  
 Le mìle gaoid 'us anshocair,  
 'G am theannadh ris an uaigh.

Chi mi thar a' mhonaidh ud  
 Air coimhead os mo chionn,  
 An duibhre air na mullaichean,  
 'S an rionnag a' tighin dlùth;  
 Tha dealt na h-oidhch' a' tèarnadh orm,—  
 Cha léir dhomh nis, fo m' shùil,  
 Cho uain' 's tha 'n fhòid fo 'n d' adhlaiceadh  
 An ainneir chaomh 's an ùir.











